

APS. 1 27. 68

DAN GHAELACH,

AIR AN TOIRT O'N

SGRIOPTUR

INVERNESS, 1828







1  
APR. 1. 79. 68  
DAN GHAELACH,

AIR AN TOIRT O'N

SGRIOPTUR;

MAILLE RI

MARBH-RANN AIR PADRUIG ANDERSON,

FEAR-LAGHA ANN AN INBHERNEIS,

AGUS

ORAN AIR CRANNCHUR CUMHANG.

---

LE HUISTEAN FRISEAL,

*O Sgìre Chnùic-Mhuire.*

---

*An Dara Clòdh-Bhuailidh.*

---

**Inbherneis :**

CLODH-BHUALTE LE ALASTAIR MAC-AN-TOISICH.

---

1828.

# DAN GHAELACH.

## AM MAC STRODHAIL.

Mi a'm shuidhe na m'aonar,  
A smuaintain mar tha mi,  
G' iarraidh beatha 's gun fhaotuinn,  
Anns na plaosgaibh gun sta-sa ;  
Sir bhiadhadh na muccan,  
Ann an iomal an fhasaich,  
'S ge d' dhibeir dhomh aran,  
Cha 'n 'eil goinne air an aros.

O bu mhise Mac Strodhail !  
Fhuair còir 's nach d' rinn feum dheth,  
Chaill mi fabhar an Athar,  
'S diomb na flaitheanas fein rium ;  
Chaith mi aimsir na h-òige,  
An t-àm 's bu choir dhomh bhi treubhach,  
'S ann a chaill mi na fhuair mi,  
Cha d' rinn mi buanachd leis fhaotuinn.

'S lion do sheirbheisich m' Athair,  
Dheanadh aighear is cairdeas ;  
Eiridh mise, 's theid mi dhachaidh,  
Dh'fheuch an n'aisig e fabhar ;  
Bhi mar mhac dha cha 'n fhu mi,  
Chuir mi cul ri chuid aitheantan—  
Ma ghebh mi m'anam mar eiric,  
Ge do dh'eight' ann a'm thraill mi.

'N uair sheall mi 'san uair-sa,  
Bha ma smuaintean air m'astar,  
Bha mo naimhdean ma 'n cuairt dhenh,  
'S iad gu cruaidh ga ma ghlacadh ;  
Bha mo chionta teachd dluth orm,  
'S mi gun luths gu dol as uap' ;  
Ach 's tu fein a' fìor cheann-iuil,  
Tha toirt luiths' do na bachdaich.

Bheir thu teanga do'n bhalbhan,  
'S anam marbh ni thu dhusgadh—  
Bheir thu beatha bho 'n bhàs dha,  
'S do 'n dall bheir thu shuilcan ;

B  
27  
1878  
OF  
SCOTLAND  
NATL

Gheibh na' bodhair an claisneachd,  
 Bheir thu aithne da'n stiuradh ;  
 Dhuit a gheileas gach Cinneach,  
 Agus fineadh nan Iudhach.

Sud a ghealladh mar dhuais dhuit,  
 O Bhuachaile 's airde !  
 'N uair a dhoirt thu mach t-anam,  
 Chum tional nam braithrean :  
 Rinn thu aon duine 'dhithis,  
 Dh'ullaich slighe gu tearnadh ;  
 As gach tìr nì thu an tional—  
 Thig gach fine 'na d' lathair.

'Se gaol siorruidh an Athar,  
 Bha feithcabh ri thaomadh,  
 'N uair dh'ullaich e rathad  
 Gu dol an deoighidh chlann-daoin' :  
 Nì e 'm peacach a dhiteadh,  
 'S nì e firean a shaoradh ;  
 Ach 's ann an eifeachd na Fola,  
 Tha beath anam gach aon diu.

Nì e 'n eideadh 's am brogan,  
 'S faighne òir air an lamhaibh ;  
 Theid an t-Athair na'n combail,  
 'S bheir e pog ann a failt dhoibh ;  
 Gheibh iad trusgan d'a naomhachd,  
 'S bithidh iad aon-fhilit' ann gradh ris,  
 'S gum bi maise na diadhachd,  
 Ga 'n deanadh sgiamhach na lathair.

Na h-uile h-aon a chuir cul riut,  
 'S a bha diultadh dhuit geileadh,  
 Theid an tional ga t-ionnsuidh,  
 Is nì sibh cunntas ri cheile :  
 Ge do 's cruaidh 's eiginn lubadh,  
 Bho 'n tha ughdaras Dhe ann ;  
 Ach gheibh iad sud peanas dubailt,  
 Tha ga dhiultadh 's ga cheusadh.

“ Fhuair thu tiom agus slainte,  
 Is iomad talant' luachmhor ;

Chaidh do bhreith agus t' arach  
 Anns na h-aitibh 'n robh luaigh orm :  
 Fhuair thu 'm Biobul is Sabaid,  
 'S bha ghnath d' an cuir suarach ;  
 Rinn thu raoghuinn do 'n bhas,  
 'S tha thu sas aig gun fhuasgladh."

O nach cruaidh leam n' ar fagail,  
 Aig a bhais is neo-churam ;  
 Gabhaidh robhain, a chairdean,  
 Feadh 's tha slainte eho dluth dhuibh :  
 Ge'd do rinn sibh riamh tair air,  
 Gach aon là ga dhoilteadh,  
 Tha E na sheansamh san doruis,  
 Is gheibh thu t-anam mar spuileadh.

---

### AN SOISGEUL.

'S NAIRE dhomhsa bli gearain,  
 Gu bheil mi tioram a'n comhnuidh,  
 Ann 's a tìr am bheil arain,  
 Is pailteas bainne ga dhoilteadh ;  
 Ach tha aon ni a dh'fheum orm,  
 Is a dh'fheumais mi fhaotuinn,  
 Mar tha naomhachd is ath-bhreith,  
 Gradh tarruing is aonadh.

'S bochd an naigheachd ri innse,  
 Ann 's an tìr am bheil an soisgeul,  
 Far an cruinnich na miltean  
 A chluinntinn an fhoeail ;  
 Tha 'n cuid lampachan duimnte,  
 'S an suilean gun fhosgladh ;  
 Gun chreidadh gun ionntrann,  
 Ach fuidh dhuisan a'm foisneachd.

Tha chuid is mo do'n bharail  
 Nach 'eil cabhaig ri dheanamh,  
 'S nach 'eil feum achd air ath-bhreith,  
 No air aithreachais diadhaidh :



Tha iad uile air am baisteadh  
 Fuidh 'n aon soisgeulachd chriosdail—  
 Aon Athair tha aguin,   
 Oir cha d' rugadh sinn diolaintc.

Ach ma ghoidcas am bàs ort,  
 Mar a tha thu gun churam,  
 'Dol a stigh dhuit do'n t-shioruidheachd,  
 Cha 'n iarruinn do riunsa :  
 Ort cha shuidhe mi mar bhreitheamh,  
 Cha fhriothail a chuis mi ;  
 Ach na thuig mi do 'n Bhiobuil,  
 Tha tiom dhuit bli dusgadh.

Aon ni tha mi g' ionndrain,  
 Na h-uile taobh a tha mi siubhail,  
 Mar a dh'aicheadh e ghnuis duinn,  
 Ann a bhi diulteadh a chumhachd ;  
 Ge do eathicadh na h-eileann  
 Le seideadh a ghobhainn,  
 Cha 'n 'eil leaghadh ga dheanamh—  
 'S ann tha t-iaruinn na's duibhc.

Och ! an duigh gu'n bhi geachd,  
 Mar tha 'n anaoibhinn na luidhe,  
 Le coslas na diadhachd,  
 Gun bhi g' iarruidh a cumhachd ;  
 Caitheamh uine cho prìosail,  
 Ann an dìthmeas air slainte,  
 Ann an cunnart gu sìorruidh,  
 Nach bi dìon ann na fabhair,

Ach 'se fabhair an Athair  
 Bhi toirt deagh bheatha do Chriosda—  
 Bhi toirt umhlachd da fhirinn,  
 'S na h-uile ni tha c 'g iarruidh ;  
 So an Ti a bha cho airde,  
 Dha 'n robh ainglean a striochdadh—  
 Neach a dh'fhuiling am bàs  
 Chum an cairdeas a dheanamh.

'S na faigheadh tu aithne air,  
 Is E na leanaban 'sa stapuil,

Air a bhreith an stad iosal,  
 Mar an Trionaid is airde :  
 Is E gu teann air a cheangail,  
 Fuidh chriosan ceangail do thearnuidh ;  
 Agus f'aithne o'n Athair  
 Aig a chladheimh gun fhagail.

Ged a bhà E cho airde  
 Ris na gairdeanan siorruidh,  
 Cha do mheas E na naire e,  
 Thigheann a mhàn gu staid iosal—  
 Ais a tholladh le ailcach,  
 An t-sleadh saite na chliadhuich ;  
 Thig a' n'iose is gabh beachd air,  
 Deigh 'sa cheartuis bli riaruichte.

Tha E nise air a thasguidh  
 Fuidh 'n leachd anns a ghàradh—  
 Dochas Israel na luidhe,  
 Mar gu 'm faigheadh am bàs E :  
 Ach 'se naigheadh a b'aoibhinn,  
 Chaidh eighheadh le Mari,  
 Gu 'm bheil E air eiridh,  
 Innis e dha mo bhraithrean.

'S na d'thigeadh tu faisg dha,  
 Chum 's gu faicheadh tu charamh,  
 Cuir do mheur anns na lotain,  
 Thug do pheacidhean dhasan :  
 'N uair a's treise an t-aiscreidadh,  
 Agus b'agridhean Shatain,  
 Theid iad uile air a chulamb,  
 Dh'abhail duilteadh le naire.

Ruitse dh'iarruinn bli labhairt,  
 O annam gun sòlas !  
 Dha 'm bheil e na ealach,  
 'S dha nach aithne do choir ann :  
 Tha do chridhe cho bruidéal,  
 'S do shuilean cho feolmhor,  
 Agus naimhdeas na h-arrach  
 Cumail sealadh dhe ghloir uaithe.

## SPIORAD COIMHEACH AM MEASG BHRAITHREAN.

'Se naigheachd bhronach tha 'n duigh ri fhaotainn,  
Cha 'n ann air sèòd dhinn a rinn i sgaoileadh,  
Tha spiorad Chain am measg nam braithrean,  
'N uair a mharbh e Abel, 's e dh' easbhuidh gaol da.

O 's leir a bhlath oirnn gu 'n robh sinn uarach,  
'Us dheth n-ar tàlann nach d'rinn sinn buanachd;  
Chlach sinn faidhean, 'us chuir gu bàs iad;  
'S nar cainnt a ghna gu'm bu mhaighstir cruaidh thu.

Ach 'se do chaoraichs' tha air am fuadaich  
Air feadh an aonaich, 's na coin ga 'n ruagadh;  
Luchd teagaisg bhreige—dhoibh sud cha gheill iad;  
O tional fein iad, 's gur tu am buachaill.

O nach doirt thu oirnn spiorad urnuigh,  
'Us ama glormhor a chum ar n-ùrachd,  
An sin bhiodh blaths' ann, bhiodh breth 'us arach,  
'S bhiodh spiorad ardanach air a mhuchadh.

'S e aithn' an t-Slanuighear tha 'ga m' bhualadh.  
'N uair a nigh e cosan na bha m' an cuairt da—  
“Mar rinn mi fein duibh, deanuibh dha cheil, gus  
An ruith sibh 'n reis ach an d'thoir mi suas sibh.”

'Se spiorad Shatan a nis tha 'n uachdar,  
'Cuir cadar bhraithrean 's ag àrach uabhar;  
An aithn' thug Ioseph—gu'm biodh iad còirte,  
B'e 'n t-aobhar bron e, i 'n diugh bhi suarach.

Tha colas Biobuil a dol an aird', ach  
Tha soisgeul fìorghlan a brath ar fagail;  
Oir tha na ciobairean dhuits' tha dileas,  
Ro theare da rìreadh an diugh an aireamh.

'Se so an dream a tha tigh'nn 'n an aite—  
Daoine fèineil, a dh' easbhuidh grasan;  
Ged bhiodh an giulan na aobhar ciuraidh,  
Gu'm faigh iad cubaid ma leughas paipear.

Seall air t-fhionan, 's gur tu fear-caramh,  
Faic gur iosal an diugh a bearnan;

'S tu chuireas rian orr', 's bheir fodhad iosal  
Gach beathaich fiadhaich tha 'n diugh ga h-aiteach.

Is craobhan daor dhomh a tha 'sa gharadhs',  
'S mi fein a shaor iad, 's i n'fhuil a phaigh iad ;  
Is mi chaidh cheusadh, 's mi 'n iobairt reitich—  
Co dh'iarr an t-seirbhis so o n-ar lamhain ?

Ach ma sa neach thu chaidh chuir da rireadh,  
'S gu 'n d'fhugadh teachdaireach dhuit ri libhrich,  
'Se fanntuinn dluth ann an cuirt an Righ-sa  
Bheir naigheachd ùr dhuit ma bhuidh na Rìoghachd.

### GEARAN AIR INNTINN FHEOLMHOR.

Och mo thruaigh gu bheil mi bochd ;  
'S ann orm tha chaola 's nach ruig mi leas ;  
A bli daondan a tairgse lon domh,  
'Se so mo leonadh nach gabh mi ris.

C'uin a dh'innicreas uam am bàs,  
Agus inntinn tha dh'easbluidh gras ?  
Cridhe cealgach 'us e gun churam,  
Gur tric a lubadh mi dha mar thrail.

Tha gaol an t-saoghail a tighinn tric ;  
'S ann air tha 'n t-ioghmadh nach bi mi glie ;  
Tha tiom gu leor agad gus an ni sin,  
Ni mi fein do chuir ann an drip.

Tha 'n inntinn fheolmhor ri bruidhean ard,  
'S i 'n diugh cho naimhdeal re lathia Phoil ;  
Teachd gu umhlachd cha d'-thig, cha 'n aill le ;  
'S bochd mo charamh, 's mi aic an sas.

Tha smuaintean diomhan ag eiridh 'n aird,  
'Us iad a falbh leam gach taobh is aill ;  
Co a dh'eireas leam ann sa chuis so ?  
Och is dluth mi do dhorsuibh bais !

Is iomadh Cinneach tha anns an tìr,  
Agus Fineadh tha rium a stri—  
Tha Cananitic 'us Peresitic,  
'S gach uile h-aon diubh an geall mo chlaoidh.

'S bochd a dh'èirich gu bheil mi dall,  
'S an iobairt reitich bhi nam air chall,  
Gach neach a chreideas eha d'theid a dhiteadh,  
Ach feumaidh stri bhi aig a ehlann.

'Se sud an oighreachd a dh'fhag e fein  
Aig a chloinn a bhiodh ann na dheigh,  
Moran trioblaid dol troimh an t-saoghal,  
Ach asda saor bheir e iad gu leir.

As gach rib san bi 'n cas a sas,  
Gheibh iad fuasgladh o fhear an graidh ;  
Tha 'n Ceannard uasal le arm inu'n cuairt doibh,  
Toirt tuillidh 's buaidh dhoibh thar gach aon namh.

Ni e 'n stiuradh mar a threud,  
'S na h-uan a ghiulan na uchd fein ;  
Ged tha iad bronach, gheibh iad sòlas,  
'N uair gheibh iad colas air lorg a cheum.

'Se sin an aoibhneas 's gach uile bhroin,  
Gu bheil aig oighreachd dhoibh ann an gloir ;  
Tha i neo-thruaillidh, tha gaol nan uan innt,  
'S eha 'n fhaod na h-uaibhreach a dhol na coir.

Na daoine saibhir eha teid iad ann,  
Tha moran buanachd aca ri chall ;  
Cha leir dhoibh 'ghaol leis na thaogh e chaoraich ;  
Rinn dia an t-saoghails' an suilean dall.

Tha cairdean Herod an diugh san tìr,  
Is iad ag eighcachd an cuir gu dī,  
Gach leanabh mic ann am Betelèm,  
Fo aois da bhliadhna na dh'ol a chich.

An Tì bha riaghladh 's a coimhead ehaich,  
Air caithair trocair, 's e deanamh grais,  
Thug aithn do Ioseph dhol leis do 'n Eiphit,  
Mu 'm faigheadh Herod na bha e 'g radh.

Mach as an Eiphit thug mi mo shluagh,  
Le rathad rèidh dhoibh tre na n'huir ruadh,  
Gu sabhailt stiur mi iad trid na fasaich,  
'S an naimhdean bhàth mi an doimhn' a chuain.

## MARBH-RANN AIR PADRUIG ANDERSON,

*Fear-lagha ann an Inbherneis.*

Och! mo dhiobhal mor thachair—nach maireann thu  
 Phadruig,  
 'S gu'n deachaidh do thaisgidh an eiste ghlaiste le àlach;  
 'S bochd an naigheachd dha 'n t-sluaghsa, och mo thruaigh  
 nach beo thu, [riu.  
 Dheanamh dìon dha na bochdan, 'ehumail ceartas is còir

Tha do bhantraeh dheth eiarthe, 's tric a suilean a' silleadh,  
 Bho'n ehuir iad an ùr ort, 's nach 'eil suil ri thu tilleadh;  
 Chaill i brod an duin' uasail, ecann tuath' 'm fad 's bu  
 bheo c— [t-colas.  
 Bu tu ceann-uidhe nam bochd 's na h-uile port 'san robh

Ach na'n leagadh i 'taie air Fear-tighe na bantraich,  
 Fa'n se rinn an briseadh, seasamh a nis 'sa bhearn-sa,  
 'S ged dh'fhalbhadh an saoghal 's gach ni dh'fheudadh a  
 leantuinn,  
 Sud an gealladh nach faillich do 'n neach a thàras a  
 mhealtuinn.

Fear do mhaise cha leir dhomh, ge do fheuchainn an  
 trath-sa,  
 Ge do shiubhlainn le coinn'libh, 's ni nach fhaigh mi gu  
 brath e;  
 Bha thu iriosal, uasal, 's tu ro shuairc' ann an nadur—  
 Bha thu treun ann an ceartas, bu mhor an gaisgach 'measg  
 chaich thu.

'Se do shuil a bha tlachdmhor, 's mor bhia 'mhaise 'na  
 t-aodann,  
 'Se do ehiridhe bha fialaidh, leat bu mhiann a bli sgaioleadh  
 Air a bhoehd 's air an fheumnach, 'n uair a dh'eighcadh  
 an glaoth riut—  
 'S tu nach duineadh do lamh orr' 'n'am sàrachadh saoghailt.

Bu tu fein n-ar eul-taie 'n uair bha ghoirt anns an ait'-sa;  
 'N uair a dhiubir an t-aran fo chorruich an Ard Rìgh,  
 Bha na sellearan duinte, 's eha robh eùinncadh air fhagail;  
 Ach bha Ioseph 'san Eiplit deanamh feum do Rìgh  
 Pharaoh.

Tha Mac-Shimmiè deih duilich an àm cruinneachadh màl  
da, [druig ;  
'S an àm suidheachadh fearainn, nach maireann thu Pha-  
Chaill e 'sheirbhiseach dilcas, bha ro fhirinneach dhasan ;  
Chuireadh tlachd air na mìltean, na 'm be 's gu sìnte do  
lathcan.

'Se do bhàs a bha goirt dhomh, chuir e lot ann am airnean ;  
'Se mo chridhe tha ciurte, 's nach robh sinn duint' ann an  
cairdeas :

Ach 's fìor an focal ri aithris—gur dluith caraid na bra-  
thair ; [a mhàil dhìom.

'S tu nach fhaicheadh mi 'm ciginn 'n àm bhì 'g eighceachd

Sinn a dh'fhèudas a radh—gu'm be'm bas oirn' an gaduich,  
'S ann aig tha na sgiathan, 's e tha gnìomhach an astar ;  
'Nuair is lugh n-ar duil ris, 'us sinn gum churam gun fhaicill,  
'N sin their e—'thoir cunntas a do stiubhardachd dha-  
chaidh.'

Ach 's beag is urrainn mi aithris dhe na bu mhaith lean  
a radh ;

Tha mi goirid 'an ùine chum do chliù chuir an airde ;  
Ach na'm faighinn mar dh'iarruinn dha 'neach a riaraidh-  
cas t-àite— [màll oirm.

E bhì maith dha na bochdan, 's gur bhì goirt anns na

### ORAN AIR CRANNCHUR CUMHANG.

'Se so an saoghal dhìomh fein tha truagh,  
Ge be dha faoduinn a dhòl ga luaidh,  
Tha mi daonna a paigheadh màl da,  
'S na h-uile là tha e tarruing uam'.

'Se tha beulach 'n trath bhios e faisg,  
Ge mor a sgiathan gu tarsuing as ;  
'S neach tha gorrach 'ni buin na doigh dheth,  
'S a liughad seol anns an gabh e chas.

Mu their mi 'n fhirinn mar bu choir,  
Cha 'n iarruin fein bhì fad ann beo ;  
Na h-uile là tha 'teachd air mo shuilean,  
Tha naigheachd ùr dhonh toirt tuille bròin.



'M fear tha socrach 'us air a dhoigh,  
 Cha tuig e goitcas an fhir tha leoint';  
 Mar 'eil e saibhir cha 'n fhiugh e fhoighalachd,  
 'S cha 'n fhaigh e caoimhneas o dhuin' th...

'S tric mi smuaintean a' silleadh dheoir,  
 Mar tha 'n saoghal an diugh na bhron;  
 Am manna fiorghlan cha 'n 'eil e priscal,  
 'S cha 'n 'eil an dilleachdan faighinn coir.

'S mithich dusgadh a nis ma ta,  
 Chum nach coidil mi dh'ionnsuidh bhàis;  
 Chaith mi m'ùin ann a dh'easbuidh aran,  
 'S a cuir ri m'eallach na h-uile là.

Ach na 'ni faicinn mar thuirte E fein,  
 'S gu'n gabhainn beachd air na dh'fhag e sgrìobht'—  
 'Na ùhuine doilghiosach agus bronach,  
 Cho fad 'sa chomhnuich e anns an tìr'.

'S ann 'bha 'naimhdean-sa dol an àird,  
 'Us iad a meud'chadh na h-uile là,  
 Gus an d'àlaich iad ris a bhord e,  
 'S an fhuil bu ghloirmhor ga cuir gu làr.

Ach na 'm faighinn còir innt' cha bhithinn caillt',  
 'Us tu ga m' threorachadh leat na d' ghradh,  
 Tharruing moran fo sgiath do throcair,  
 'Us peighinn-phòcaid thoir dhomh sa ghleann.


'Us ge do dh'òl di cho liughadh deoch,  
 Tha gu leor innt' do m'anam bochd-s';  
 'S ge d' thigeadh mìltean an diugh 's iad leointe,  
 Tha agad sòlas do'n iomadh lèt.

Chuinnibh nise na bheil e ràdh,  
 Is e bli gearan air n-ar càil—  
 "Cha tig sibh do m'ionnsuidh a dh'fhaotainn aran;  
 'S fearr leibh fannachadh fo ua bhàs."

Och nach duisgeadh tu sinn ann tràth,  
 'S a bhi' 'gar n-ùrach' na h-uile là;  
 'S a mhèud 'sa tharruingeas tu bheir iad cliù dhuit;  
 'S bithidh iad 'nan cràinteann dhuit aig am bàs.

A CHRIOCH.







x

